



Ceistean

Thoir sùil air paragraf 4

1. Thoir seachad facal eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri "aoibhneas".

Toileachas, gàirdeachas, sòlas, sonas msaa.

Thoir sùil air paragraf 6.

2. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha sgrìobhte air a' chlàr a tha ri taobh a' chiad sèithir-togail?

Bha rabhadh sgrìobhte air a bha ag innse gun robh an aimsir a' dol a dh'fhàs na bu mhiosa mar a b' fhaide bha an latha a' dol air adhart. Bha an soidhne rabhaidh seo cuideachd ag innse gun robh e cunnartach a bhith a' dol ro àrd nuair a bhiodh i uabhasach garbh, gaothach.

Thoir sùil air paragraf 9.

3. Nad fhaclan fhèin, inns beachd Sìle air a' phlana aig Catrìona.

Tha i den bheachd gu bheil i gòrach a bhith a' smaointinn air a dhol cho àrd sin. Tha Sìle a' cur na cuimhne an rabhaidh a fhuair iad mun droch shìde.

Thoir sùil air paragraf 10.

4. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha Catrìona ag iarraidh am bothan fhaicinn.

Bha i air sgeulachd a chluinntinn mu dhuine annasach a bha a' fuireach anns a' bhothan agus bha i ag iarraidh coinneachadh ris.

Thoir sùil air paragraf 20.**5. Thoir seachad abairt a tha ag innse gur i Catrìona a bha tric os cionn na buidhne.**

“A-mach às a’ bhuidhinn, ‘s i daonnan a bha na ceannard”

6. Nad fhaclan fhèin, inns carson a thagh iad a dhol a dh’Innis Tìle seach dhan Spàinn.

Bha iad den bheachd gum b’ urrainn dhaibh a dhol don Spàinn uair sam bith ach, ma dh’fhaodte gur e seo an aon chothrom a gheibheadh iad a dhol a dh’Innis Tìle.

Thoir sùil air paragraf 21.**7. Carson nach robh an turas seo gu bhith uabhasach daor orra?**

Bha piuthar Catrìona ag obair aig companaidh turasachd, agus aig deireadh geamhradh sàmhach, fhuair teaghlaichean is caraidean an luchd-obrach an cothrom a dhol air saor-làithean air leth na prìs.

Thoir sùil air paragraf 23.

“Bha a’ ghaoth a’ sèideadh agus ag èigheachd riutha”

8. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?

Pearsanachadh

(b) Dè an dòigh anns a bheil seo èifeachdach?

Tha e èifeachdach gu bheil an t-ùghdar a’ cleachdadh pearsanachadh an seo. Tha an dithis eile air rabhadh a thoirt dhaibh mun t-sìde agus gu bheil i ro gharbh airson a bhith air bòrd-sneachda. Tha iad air rabhadh fhaicinn sgrìobhte ri taobh an t-sèithir-togail agus cha tug iad feart air. Mar sin, tha e èifeachdach gu bheil an t-ùghdar a’ toirt guth dhan ghaoith, agus gu bheil an ‘guth’ seo a’ toirt rabhadh eile dhaibh.

Thoir sùil air paragraf 37.

9. “Cha lèir dhomh càil”

Nad fhaclan fhèin inns na tha seo a’ ciallachadh.

Cha b’ urrainn dha sìon fhaicinn.

Thoir sùil air paragraf 43.

“Shuidh iad ann an sàmhchair uabhasach”

10. Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a bha an còrr den bhuidhinn a’ faireachdainn?

Cha robh fhios aca dè chanadh iad ri chèile. Bha uallach mòr orra mu Chailean agus mu Catrìona. Bha iad a’ smaoineachadh cho mòr mun caraidean nach robh comas bruidhne aca.

Thoir sùil air paragraf 78.

11. Nad fhaclan fhèin inns carson a thug am bodach an dealan-dè dhaibh?

Bha am bodach a’ creidsinn gun robh cumhachdan sònraichte aig na dealain-dè agus gun cumadh fear dhiubh iad beò air an t-slighe sìos a’ bheinn.

Thoir sùil air an loidhne mu dheireadh.

“Cha chreid sibh seo...”

12 (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh an seo?

Eilipsis

(b) Mìnich mar a tha an innleachd sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Tha e èifeachdach chionn ’s gum faodadh gu bheil e a’ samhlachadh nach tuirt Catrìona an còrr, nach robh fios aig càch dè chanadh iad agus gun robh sàmhchair ann agus iad uile a’ coimhead air an dealan-dè le iongnadh. Tha e a’ toirt fa-near don leughadair gu bheil sgeulachd inntinneach aig Cailean agus Catrìona ri innse do chàch. Tha e mar gu bheil sgeulachd eile ri thighinn nuair a dh’innseas i dhaibh uile mar a thachair dhaibh shuas air a’ bheinn agus mar a lorg iad am bothan agus a chunnaic iad am bodach.

